**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

# CO-LABHAIRT NÀISEANTA DO PHÀRANTAN

**02 Am Màrt 2009**

Thèid co-labhairt Nàiseanta, air a chur air adhart le Comann nam Pàrant (Nàiseanta) a' bhuidheann nàiseanta a tha a' riochdadh phàrantan le clann a tha 'gam fòghlam tron Ghàidhlig agus Bòrd na Gàidhlig, a chumail an Inbhir Nis an ceann tri sheachdainnean.

Le athaisg ùr an t-seachdain seo chaidh a' dearbhadh an t-adhartas a tha 'ga dhèanamh tro Alba gu lèir ann am fòghlam tro mheadhan na Gàidhlig, tha a' cho-labhairt a' tachairt aig àm gu math feumail, nuair a tha na cothroman-cosnaidh a tha rim faotainn tron Ghàidhlig nas follaisiche na bha iad riamh.

A-measg an fheadhainn a bhios a' bruidheann aig a' cho-labhairt tha Art MacCarmaig, a chaidh ùr-ainmeachadh mar Chathraiche air Bòrd na Gàidhlig agus Rosemary Nic a' Bhàird a tha an dràsta 'na h-Ard Oifigeir an Gnìomh air Bòrd na Gàidhlig. Bidh Rosemary a' mìneachadh ro-innleachd nàiseanta a' Bhùird airson fòghlam agus leasachaidhean Gàidhlig.

Thuirt Magaidh Wentworth, Oifigeach Phàrantan Chomann nam Pàrant: "Bidh a' cho-labhairt a' toirt sùil air na cleachdaidhean agus modhan-obrach as fheàrr a tha rim faotainn ann am fòghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha CnP(N) an dòchas gum bi àireamh mhòr phàrantan an làthair gus an tèid againn air fiosrachadh a sgaoileadh agus deasbad choileanta a chumail air gnothaichean a tha fìor chudromach – leithid sgoiltean Gàidhlig, cùram chloinne ann an Gàidhlig, neartachadh agus leasachadh dhan Ghàidhlig ann am bun-sgoiltean, fòghlam Gàidhlig anns an àrd-sgoil agus aig àrd-ìre, agus Gàidhlig anns an teaghlach."

Bidh cùram chloinne ri fhaotainn tron latha son clann aois 3-12 agus bidh sin ann an Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis aig cosgais £5 an ceann. Tha a' cho-labhairt fhèin soar agus an asgaidh do phàrantan.

Bidh cothroman ann còmhraidhean agus deasbad a chumail tro bhùitean-obrach aig a' cho-labhairt ("A' Neartachadh Phàrantan") a thèid a chumail ann an Taigh-Osda Dhrumossie an Inbhir Nis bho 1000 gu 1530, DiSathairne, Màrt 21.

**Tha barrachd fiosrachaidh agus bileagan clàraidh rim faotainn bho Mhagaidh Wentworh fhèin air 01463 234138 no fios@parant.org.uk**

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

# NATIONAL CONFERENCE FOR PARENTS

**02 March 2009**

Comann nam Pàrant (Nàiseanta), the national organisation for parents of children in Gaelic medium education will host, along with Bòrd na Gaidhlig, a national conference for parents with an interest in Gaelic medium education in Inverness in three weeks' time. A report last week detailed the progress being made throughout Scotland in terms of Gaelic medium education, and the conference comes at a time when there is heightened awareness of the career opportunities available through Gaelic.

Key speakers will include the newly-appointed Chair of Bòrd na Gàidhlig, Arthur Cormack and Rosemary Ward, the organisation's Acting Chief Executive, who will be outlining the Bòrd's national education strategy and plans for Gaelic development.

Magaidh Wentworth, Comann nam Pàrant's Parental Officer, said: "The conference will highlight best current practice in Gaelic medium education, and CnP(N) is hoping for a good turn-out of parents so that we can learn from each other and be involved in discussing important issues, such as – Gaelic schools, Gaelic medium childcare, strengthening and developing Gaelic in primary departments, secondary provision and Higher Education, curriculum support and Gaelic in the family."

Childcare will be available in Gaelic throughout the day for children age 3-12. This will be available in the Inverness Gaelic school and will cost £5 per child. There will be no charge for parents to attend the conference.

The conference, "Empowering Parents", which will also be offering a number of workshops as well as the keynote addresses, will be held in the Drumossie Hotel, Inverness from 1000 until 1530 on Saturday, March 21.

**Further information and registration forms are available from Comann nam Pàrant's Parental Officer Magaidh Wentworth, on 01463 234138 or fios@parant.org.uk**

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454